

FOR OFFICIAL USE



Teisteanais  
Nàiseanta  
PÀIPEAR EISIMPLEIR

Comharraich



SQ18/N5/01

Gàidhlig  
Pàipear 2 — Leughadh  
agus Sgrìobhadh

Latha — Gun bhuinteanas

Ùine: — 1 uair agus 40 mionaid (moladh)



\* S Q 1 8 N 5 0 1 \*

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Àireamh an  
t-suidheachain

Latha breith

Latha

Mios

Bliadhna

Àireamh an oileanaich

Comharraidhean gu lèir — 50

ROINN 1 — LEUGHADH — 30 comharradh

Leugh na h-earrann agus feuch na ceistean UILE.

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharradh

Sgrìobh do fhreagairt air na duilleagan ullaichte.

Nuair dh'iarrar ort, fosgail do phàipear agus sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir, anns a' Ghàidhlig, anns na rumannan ullaichte.

Cleachd inc gorm no dubh.

Mus fàg thu rùm nan deuchainnean feumaidh tu an leabhran seo a thoirt don Fhreiceadan. Mur dèan thu seo, dh'fhaodadh tu na comharraidhean gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



\* S Q 1 8 N 5 0 1 0 1 \*

*Tha an neach-naidheachd Anna Nicleòid a' rannsachadh sàbhailteachd air an rathad, gu h-àraidh am measg dhràibhearanaidh òg.*

Tha barrachd is barrachd dhaoine òg gach bliadhna a' faighinn cead dràibhidh cho luath 's a tha e ceadaichte dhaibh sin a dhèanamh aig seachd bliadhna deug a dh'aois. Chan eil càil air an aire ach cothrom fhaighinn a dhol a-mach air an rathad leotha fhèin, glè thrì ann an càr brèagha, gleansach, luath. Gu mì-fhortanach, tha àireamhan oifigeil cuideachd a' sealltainn dhuinn gu bheil daoine fo chòig bliadhna fichead, gu h-àraidh fir, nas buailtich tubaistean a bhith aca le càraichean na daoine de aois sam bith eile. Tha seo a' dèanamh uallach mòr don phoileas air feadh Alba.

Bhruidhinn mi ri Iain Caimbeul, a tha na Oifigeir Sàbhailteachd Rathaid ann an Inbhir Nis mun t-suidheachadh. Bidh esan a' dol a-mach do sgoiltean agus gu buidhnean coimhearsnachd a thoirt comhairle do dhaoine òg mu cho cudromach 's a tha e cumail ri riaghailtean an rathaid. Tha mòran dhaoine òg gach bliadhna air an droch ghoirteachadh no eadhon a' call am beatha ann an tubaistean rathaid.

Bidh Iain ag innse don òigridh mu rud mì-fhortanach a thachair dha fhèin nuair a bha e mun aon aois riutha-san. Thug an tachartas sin fìor bhuaidh air. Dh'innis e dhomh:

“Fhuair mise cead dràibhidh nuair a bha mi air an t-siathamh bliadhna san sgoil. 'S mi a bha pròiseil; b' e duine mòr a bha annam a-nis! Goirid an dèidh dhomh cead dràibhidh fhaighinn, bha agam ri dhol don ath bhaile a bha mu shia mìle air falbh bhon taigh againn a chluich ball-coise. Cha robh dòigh agam air faighinn ann 's gun càr agam fhèin. Ach, nach mi bha gòrach! Nach robh BMW spaideil, ùr aig m' athair? Bha e fhèin agus mo mhàthair a' dol a dh'fhalbh airson beagan làithean le càr mo mhàthar. Uill, chaidh agam air m' athair a cho-èigneachadh gus an càr a thoirt dhomh. Chun an latha an-diugh chan eil mi a' tuigsinn carson a dh'aontaich e. Bhitheadh; bhithinn faiceallach; cha tachradh dad don chàr.”

Ach, cha do dh'obraich cùisean mar a bha Iain an dùil. Chùm e air:

“Chaidh cùisean ceart gu leòr gus an robh mi a' feuchainn ri faighinn a-mach às a' phàirc chàraichean an dèidh a' ghèam. Cha robh mi faiceallach gu leòr a' dol gu mo dheireadh. Nuair a dh'fhairich mi cùl a' chàir a' bualadh anns a' bhalla bha e mar gun cuireadh duine sgian nam chridhe. Thàinig mi a-mach agus thug mi sùil. Bha toll mòr anns a' bhumpair deiridh. Smaoinich mi: ciamar a dh'innseas mi seo do m' athair? Tha e cho moiteal às a' chàr. Cha leig e leam a dhràibheadh gu bràth tuilleadh.

Chunnaic mi dithis a' toirt sùil orm agus a' coimhead gu geur air clàr a' chàir. Cha mhòr nach do theich mi. Bha mi glè chinnteach gum biodh iongnadh orra ciamar a b' urrainn do dhuine cho òg rium-sa a bhith a' dràibheadh càr cho cosgail. Dè nan cuireadh iad fios gu na poileis? Co-dhiù, fhuair mi a-mach às a' phàirc agus shiubhail mi dhachaigh gu faiceallach.

Nuair a ràinig mi an taigh, chuir mi fòn gu garaids (nach cleachdadh m' athair) agus dh'fhaighnich mi dhaibh am b' urrainn dhaibh bumpair ùr a chur air a' chàr an latha ud fhèin. Thuirt iad nach b' urrainn, ach gur dòcha gun dèanadh iad e an ath latha. Ghabh mi ris an tairgse. Agus sin mar a bha! Fhuair mi an càr a chur ceart, ach rinn e dragh mòr dhomh agus chosg e gu leòr airgid dhomh.”

Thug an tachartas sin air Iain a bhith faiceallach às dèidh sin agus chuidich e leis ann a bhith a' toirt comhairle do dhaoine eile. Ged a tha daoine a' faighinn cead a dhol air an rathad leotha fhèin, chan eil sin idir a' ciallachadh gu bheil iad sàr mhath air dràibheadh agus nach eil an còrr aca ri ionnsachadh. Feumaidh iad a bhith faiceallach agus cùram a ghabhail mu an sàbhailteachd fhèin agus mu shàbhailteachd dhaoine eile.



## Ceistean

1. Dè tha mòran dhaoine a' dèanamh gach bliadhna? 2

---

---

---

2. Dè am fiosrachadh a tha a' dèanamh uallach don phoileas? 3

---

---

---

---

3. Ainmich càite am bi Iain Caimbeul a' dol agus carson. 3

---

---

---

---

4. Dè an nì sònraichte a bhios Iain ag innse do dhaoine? 1

---

---

5. Carson a bha feum aig Iain air càr aon latha? 2

---

---

---



\* S Q 1 8 N 5 0 1 0 3 \*

6. Dè tha am facal 'cho-èigheachadh' ag innse dhuinn?

1

---

---

7. Saoil carson a thug athair lain dha am BMW?

3

---

---

---

---

8. Dè gheall lain do athair?

2

---

---

---

9. Ciamar a chaidh cùisean ceàrr do lain?

3

---

---

---

---

10. Carson a rinn an dithis dhaoine a bha ga choimhead dragh do lain.

3

---

---

---

---



\* S Q 1 8 N 5 0 1 0 4 \*

11. 'mar gun cuireadh duine sgian nam chridhe'  
Saoil dè tha na facail sin ag innse dhuinn?

1

---

---

---

---

12. Saoil carson a chuir lain fios gu garaids nach cleachdadh athair?

1

---

---

13. Ged a fhuair lain an càr a chur ceart, dè bha fìor?

2

---

---

---

14. Dè am fiosrachadh cudromach a tha air a thoirt seachad aig deireadh na h-earrainne mu dhràibhearan òga?

3

---

---

---

---

---

---

---



\* S Q 1 8 N 5 0 1 0 5 \*

*Duilleag a còig*

**Roinn 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharradh**  
**Sgrìobh air AON de na roghainnean a leanas**

1. Innis mu dhealbh-chluich a chunnaic thu no a leugh thu mar phàirt den chùrsa Ghàidhlig agus dèan soilleir carson a chòrd e riut.
2. Tagh nobhail no sgeulachd ghoirid a chòrd riut gu mòr. Seall mar a rinn an sgrìobhadair an stòiridh cho inntinneach dhut.
3. Tagh pìos no pìosan bàrdachd a tha thu a' smaoineachadh a tha sònraichte a thaobh cuspair. Innis mun chuspair sin agus na sgilean a chleachd an sgrìobhadair ann a bhith ga chur fa chomhair an leughadair.
4. Innis mun fhilm no mun phrògram dràma Ghàidhlig a b' fheàrr a chòrd riut anns a' bhliadhna a dh'fhalbh. Carson a bha e cho tarraingeach dhut?
5. 'S dòcha gu bheil thu air a bhith a' rannsachadh cuspair ceangailte ri cultar na Gàidhlig no ris a' chànan fhèin am-bliadhna. Sgrìobh aiste mun rannsachadh sin.



\* S Q 1 8 N 5 0 1 0 6 \*

*Duilleag a sia*









